

Support your child's learning – Sciences

English version	Gaelic version
Primary - Sciences	Bun-sgoil - Saidheansan
How to support your child in learning about the sciences through everyday activities.	Mar a bheir thu taic dha do phàiste ann an ionnsachadh mu na saidheansan tro ghnìomhachdan làitheil.
<i>Note: The headings used in this leaflet are the 'organisers' used in the sciences curriculum. For more information, see the Experiences and Outcomes for sciences: https://education.gov.scot/education-scotland/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5/experiences-and-outcomes/#sciences</i>	<i>Nòta: Is iad na cinn a th' air an cleachdadadh sa bhileig seo, na 'h-eagraichean' a thathar a' cleachdadadh ann an curraicealam nan saidheansan. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic Eòlasan agus Builean nan saidheansan:</i> <i>https://education.gov.scot/education-scotland/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5/experiences-and-outcomes/#sciences</i>
Planet Earth	An Talamh
Biodiversity and interdependence	Bith-iomadachd agus eadar-eisimeileachd
<ul style="list-style-type: none"> Talk about the different parts of flowers and plants. Read books about living and non-living things. Visit the local garden centre or park. Talk about the positive effects that plants have on society. 	<ul style="list-style-type: none"> Bruidhinn mu dheidhinn diofar phàirtean de fhlùraichean is planntaichean. Leugh leabhraichean mu nithean beò agus nach eil beò. Tadhail air an ionad gàirnealaireachd no pàirc ionadail. Bruidhinn mu dheidhinn nam buadhan dearbhach a tha aig planntaichean air a' chomann-shòisealta.
Processes of the planet	Pròiseasan na planaid
<ul style="list-style-type: none"> Read stories about the weather and water (Noah's Ark) and share experiences. 	<ul style="list-style-type: none"> Leugh sgeulachdan mun aimsir agus uisge (Àirc Noah) agus roinn do eòlasan.

<ul style="list-style-type: none"> Float and sink objects in the bath or basin/sink. 	<ul style="list-style-type: none"> Cuir air bhog agus cuir fodha nithean san amar-nighe no mias/since.
<ul style="list-style-type: none"> Read Mr Archimedes' Bath and talk about why the water rises in your child's bath. 	<ul style="list-style-type: none"> Leugh "Mr Archimedes' Bath" agus bruidhinn mu dheidhinn an adhbhair a tha an t-uisce ag èirigh ann an amar-nighe do phàiste.
<ul style="list-style-type: none"> Talk about the clothes your child is wearing on particular days and discuss why they are wearing them. 	<ul style="list-style-type: none"> Bruidhinn mu dheidhinn an aodaich a tha do phàiste a' caitheamh air làithean sònraichte agus dèan deasbad air carson a tha iad gan caitheamh.
<ul style="list-style-type: none"> Use thermometers to look at temperatures inside and outside your home. 	<ul style="list-style-type: none"> Cleachd teas-mheidh airson coimhead ris na teòthachdan taobh a-staigh agus taobh a-muigh do dhachaigh.
Forces, electricity and waves	Fòrsaichean, dealan agus stuadhan
Vibrations and waves	Luasgain agus stuadhan
<ul style="list-style-type: none"> What material will make the loudest instrument or the quietest? 	<ul style="list-style-type: none"> Dè an stuth a nì an t-ionnsramaid as àirde fuaim no as sàmhache?
<ul style="list-style-type: none"> Discuss how different species of animals communicate. Is there a common feature? Is it all different? How do you know they are communicating? 	<ul style="list-style-type: none"> Dèan deasbad air mar a tha diofar ghnèithean de dh'ainmhidhean a' conaltradh. A bheil feart choitcheann ann? A bheil e uile eadar - dhealaichte. Ciamar a tha fios agad gu bheil iad a' conaltradh?
Materials	Stuthan
Properties and uses of substances	Featran agus feuman stuthan
<ul style="list-style-type: none"> Make parachutes with different materials and test them to see which is most successful. 	<ul style="list-style-type: none"> Dèan paraisiutan le diofar stuthan agus feuch a-mach iad a dh'fhaicinn cò aca as soirbheachaile.
<ul style="list-style-type: none"> Use different items around the house (for example salt, sugar) to test how long each might take to dissolve some ice cubes and discuss why this might be useful in different seasons. 	<ul style="list-style-type: none"> Cleachd nithean eadar-dhealaichte timcheall an taighe (mar eisimpleir, salann, siùcar) a dh'fheuchainn dè cho fada 's a dh'fhaodadh gach aon aca a thoirt a' leaghadh ciùban deighe, agus dèan deasbad air carson a dh'fhaodadh seo a bhith feumail ann an diofar ràithean.

Biological systems	Siostaman bith-eòlasach
Body systems and cells	Siostaman bodhaig agus ceallan
<ul style="list-style-type: none"> Talk about what job the skeleton does. Talk about good hygiene and how germs are spread. Relate how your organs are important for good health and how to look after them. 	<ul style="list-style-type: none"> Bruidhinn mu dheidhinn an obair a tha an cnàimhneach a' dèanamh. Bruidhinn mu dheidhinn slàinteas mhath agus mar a tha bitheagan gan sgaoileadh. Innis mar a tha buill do bhodhaig cudromach airson deagh shlàinte agus mar a choimheadar às an dèidh.
Topical science	Saidheans sna naidheachdan
P5-P7	Prìomh 5-7
<ul style="list-style-type: none"> Watch Newsround, the local and/or national news and talk to your child about the science stories. Discuss stories you read in the newspaper or magazine. 	<ul style="list-style-type: none"> Coimhead air "Newsround", na naidheachdan ionadail agus/no nàiseanta agus bruidhinn ri do phàiste mu na sgeulachdan saidheans. Dèan deasbad air sgeulachdan a bhios tu a' leughadh sa phàipearnaidheachd no ann an iris.

Also see advice for parents: [Sciences in Curriculum for Excellence](#)